

CEITIDH SMITH – ÒRAN 5

Taobh Eile an Rathaid (Shooz Blooz)

Bidh mi a' treabhadh m' iomaire fhèin a-thaobh a h-uile nì nam bheatha – agus ma tha cuid an dùil gu bheil mi ruedigin àraid ri linn, mo thogair!

The Other Side of the Road (Shooz Blooz)

I'm not exactly mainstream in my musical tastes and interests, in most things in life, actually – and if people think I'm a bit odd because of it, well, that's their problem!

Carson a tha thu'n còmhnaidh led bhrògan soilleir, bìorach, àrd?
Carson a tha thu'n còmhnaidh led bhrògan soilleir, bìorach, àrd?
Mur nach toil leibh mo shàilean, dèanaibh air taobh eile an rathaid

Carson nach cosg thu briogais ach na sgiortaichean 's na flunsaichean bàn?
Carson nach cosg thu briogais ach na sgiortaichean 's na flunsaichean bàn?
Mur nach toil leibh mo thrusgan, dèanaibh air taobh eile an rathaid

Carson a ghlacadh d' aire air òrain nan seana bhàrd?
Carson a ghlacadh d' aire air òrain nan seana bhàrd?
Mur nach toil leibh an duan seo, dèanaibh air taobh eile an rathaid

*Chan eil mi ga dhèanadh dhuibh, chan eil mi mar tha mi dhuibh, nì mi gach nì dhomh fhèin
Chan eil mi ga dhèanadh dhuibh, chan eil mi mar tha mi dhuibh, nì mi gach nì dhomh fhèin*

Carson a tha do bheatha cho trang 's a h-uile oisean cho làn?
Carson a tha do bheatha cho trang 's a h-uile oisean cho làn?
'S toigh leam mo bheatha, is leanaidh mo rathad gu bràth

*Chan eil mi ga dhèanadh dhuibh, chan eil mi mar tha mi dhuibh, nì mi gach nì dhomh fhèin
Chan eil mi ga dhèanadh dhuibh, chan eil mi mar tha mi dhuibh, nì mi gach nì dhomh fhèin*